



# COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

## COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN

### COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

MINUTE OF THE MEETING HELD IN THE COUNCIL CHAMBER, COUNCIL OFFICES, STORNOWAY ON MONDAY 19 FEBRUARY 2018 AT 2.00 PM

#### PRESENT

Mr John A Maciver (Chairman)  
Mr Alasdair Macleod (Vice Chairman)  
Mr Donald Manford (By VC Link)  
Mr Finlay Cunningham  
Mr Norman A Macdonald  
Mr Donald Crichton  
Mr Kenneth Macleod

#### APOLOGIES

Mr Callum Macmillan  
Mr Gordon Murray  
Mr John Mackay

#### IN ATTENDANCE

Mr Malcolm Burr  
Mr Bernard Chisholm  
Mr Norman Macdonald  
Mr Joe Macphee  
Mrs Doileag Macleod  
Mr Colin G Morrison  
Mr Derek Mackay  
Mrs Marion Macleod  
Mr Donald W Morrison, Stòrlann

#### MINUTES

- 1 The Minute of Meeting of 4 October 2017 was **approved**.
- 2 **Declaration of Interest**  
  
The Chairman declared an interest in item 7 as he was a Board Member of Fèisean nan Gàidheal and left the meeting during consideration of this matter.

#### PRESENTATION

- 3 Stòrlann  
  
Presentation by Donald W Morrison  
  
The Chairman welcomed Mr Donald Morrison, Chief Executive of Stòrlann. Stòrlann was established by the Scottish Executive in 1999 to co-ordinate the production and distribution of curriculum resources for Gaelic education. Mr Morrison highlighted that under Stòrlann's publication programme, resources were distributed to nurseries, primary schools, secondary schools and lifelong learning groups every year.

### COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

GEÀRR-CHUNNTAS NA CHOINNEIMH A CHAIDH A CHUMAIL ANN AN SEÒMAR NA COMHAIRLE, OIFISEAN NA COMHAIRLE, STEÒRNABHAGH, AIR DILUAIN 19 GEARRAN 2018 AIG 2.00 F

#### AN LATHAIR

Mgr. Iain A MacIomhair (Cathraiche)  
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar Neach-cathrach)  
Mgr Dòmhnall Manford (le VC Link)  
Mgr. Fionnlagh Coineagan  
Mgr. Tormod A Dòmhnallach  
Mgr Dòmhnall Crichton  
Mgr Coinneach MacLeòid

#### LEISGEULAN

Mgr Calum Mac a Mhaoilein  
Mgr. Gòrdon Moireach  
Mgr. Iain MacAoidh

#### AN LÀTHAIR

Mgr. Malcolm Burr  
Mgr. Bernard Siosalach  
Mgr. Tormod Dòmhnallach  
Mgr Joe Mac a' Phi  
Bh-Ph Doileag NicLeòid  
Mgr Cailean G Moireasdan  
Mgr. Derek MacAoidh  
Bh-Ph Mòr NicLeòid  
Mgr Dòmhnall U Moireasdan, Stòrlann

#### GEÀRR-CHUNNTASAN

- 1 Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 4 Dàmhair 2017
- 2 **Clàradh Uidh**  
  
Chlàr an Neach-cathrach ùidh ann an Cuspair 7 mar Bhall de Bhòrd Fèisean nan Gàidheal agus dh'fhàg e choinneamh fhad `s a bhathas a beachdachadh air a' chuspair seo.

#### TAISBEANADH

- 3 Stòrlann  
  
Taisbeanadh le Dòmhnall U Moireasdan  
  
Chuir an Neach-cathrach fàilte air Mgr Dòmhnall Moireasdan, Àrd-oifigear Stòrlann. Chaidh Stòrlann a stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba ann an 1999 gu co-òrdanachadh stòras curaicealam foghlam Gàidhlig ullachadh agus a libhrigeadh. Dh'ainmich Mgr Moireasdan tro phrògram obraich Stòrlann gu robh stòras dhan libhrigeadh gach bliadhna gu sgoiltean àraich, bun-sgoiltean, àrd-sgoiltean agus buidhnean ionnsachadh fad-beatha.

Priorities were set by teaching staff and learners and strategic planning and implementation was supported by local authorities, and by appropriate lifelong learning organisations. Mr Morrison emphasised that although huge progress had been made since the days when teaching staff had to prepare their own materials, there was still a long way to go, particularly looking at the delivery of curriculum for excellence in the secondary subjects through the medium of Gaelic and the integration of e-sgoil. Mr Morrison also detailed the extensive assistance available to parents whose children were in Gaelic-medium education, which included a homework helpline on weekday evenings.

The Chairman thanked Mr Morrison for a very informative presentation and gave Members an opportunity to ask questions.

**It was agreed to note the presentation.**

#### **APPLICATIONS FOR FINANCIAL ASSISTANCE**

##### **4 Gaelic Specific Grants Applications 2018-19**

Report by Director of Education and Children's Services

The Director of Education and Children's Services submitted a Report which updated the Comhairle on progress in relation to the 2018/19 Education and Children's Services Gaelic Specific Grant Application. The Application was detailed at Appendix 1 to the Report and outlined a three year Strategy designed to ensure that Gaelic was the principal language of instruction in all Comhairle schools.

**It was agreed to recommend, insofar as the Committee's interests were concerned, that the Report be noted.**

Tha prìomhachasan air an stèidheachadh le luchd-teagaisg agus luchd-ionnsachaidh agus bha dealbhadh ro-innleachdail agus buileachadh a faighinn taic bho ùghdarrasan ionadail. Dh'ainmich Mgr Moireasdan an adhartas mòr air a dhèanamh bho na làithean far an robh aig luchd-teagasg ris an stuth aca fhèin ullachadh, ach thuir e gu robh slighe fhada fhathast ri dhol, gu sònraichte ann an dàimh ri bhith a' libhrigeadh curaicealam airson sàr-mhaitheas ann an cuspairean àrd-sgoil tro mheadhan na Gàidhlig agus an amalachadh ri e-sgoil. Thug Mgr Moireasdan cuideachd iomradh air an taic farsaing a th' ann do phàrantan le clann ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, na measg loidhne taic airson obair dachaigh air oidhcheannan tron t-seachdain.

Thug an Neach-cathrach taing do Mhgr Moireasdan airson taisbeanadh fìor fhiosrachail agus chaidh cothrom a thoirt do Bhuill ceistean fhaighneachd.

**Chaidh aontachadh an taisbeanadh a thoirt fa-near.**

#### **IARRTASAN AIRSON TAIC AIRGID**

##### **4 Iarrtas Tabhartasan Sònraichte Gàidhlig 2018-19**

Aithisg le Stiùiriche Foghlam agus Seirbheisean Chloinne

Thugadh fa-near Aithisg le Stiùiriche Foghlam agus Seirbheisean Chloinne ag innseadh don Chomhairle an adhartas ann an dàimh ri Iarrtas bhon Roinn gu Tabhartasan Sònraichte Gàidhlig 2018-19. Bha mion-chunntas den iarrtas minichte ann am fa-sgrìobhadh na h-Aithisg ag ainmeachadh Ro-innleachd trì bliadhna air a dhealbh gu dèanamh cinnteach gum bi a' Ghàidhlig mar phrìomh chànan ionnsachaidh ann an sgoiltean na Comhairle.

**Far an robh ùidh aig a' Chomataidh chaidh moladh an Aithisg a thoirt fa-near.**

- |  |  |
|--|--|
| <p>5 Hebridean Celtic Festival Trust Revenue Funding 2018/19</p> <p>Report by Director of Development</p> <p>The Director of Development submitted a Report detailing an application for revenue funding from the Hebridean Celtic Festival Trust (HCFT) for 2018/19. The Report stated that an independent Visitor Survey and Economic Impact Report on HebCelt 2016 had concluded that the festival directly generated £1,405,472 into the local economy, that the net additional economic impact of festival-goer expenditure as a result of HebCelt 2016 was in the region of £2,206,591 and that the event helped safeguard 41 tourism related jobs. Creative Scotland had confirmed funding totalling £80,000 towards the festival in 2018. Although a significant percentage of funding for the festival had been derived from private sponsorship and commercial income, continued support from the Comhairle was imperative in ensuring the inward investment from other public sources and to maintain the quality, ambition and size of the annual event.</p> <p><b>It was agreed to recommend, insofar as the Committee's interests were concerned, that, subject to the satisfactory conclusion of a one year Funding Agreement for 2018/19, the Comhairle approve funding of £25,650 (£21,375 from the Arts Revenue Budget and £4,275 from Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget) from Arts Revenue and £4,275 from Sgioba na Gàidhlig Budgets to the Hebridean Celtic Festival Trust.</b></p> | <p>5 Fèis Cheilteach Innse Gall: Maoineachadh Bhlìadhna 2018/19</p> <p>Aithisg le Stiùiriche Leasachaidh</p> <p>Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Leasachaidh a' sireadh aonta ri iarrtas airson maoin bhliadhna bho Fhèis Cheilteach Innse Gall airson 2018/19. Mhinich an Aithisg gu robh an suirbhìdh neo-eisimeileach agus buaidh ionmhais air HebCelt 2016, air co-dhùnadh gu robh an fhèis air £1,405,472 a thoirt a-steach dhan an eaconamaidh ionadail, gu robh gach neach a' dol chun an fhèis air timcheall air £2,206,591 a chosg agus gun do chum an fhèis obair ri 41 dreuchdan a thaobh turasachd. Bha Alba Cruthachail air £80,000 a dhearbhadh dhan an fhèis airson 2018. Ged a bha pàirt mhòr den mhaoineachadh a' tighinn bho bhuidhnean prìobhaideach agus teachd-a-steach coimeirsealta, bha taic leantainneach na Comhairle riatanach airson teachd-a-steach fhaighinn bho bhuidhnean poblach eile gus cumail na h-ìrean agus meud an tachartas bhliadhna.</p> <p><b>Chaidh aontachadh, an urra ri Aonta Ionmhais coileanta a ruighinn leis a' bhuidheann airson 2018/19, taic de £21,375 bho Buidseat na h-Ealain agus £4,275 bho Sgioba na Gàidhlig thoirt seachad do dh'Urras Fèis Cheilteach Innse Gall.</b></p> |
| <p>6 Ceòlas Uibhist Ltd. Revenue Funding 2018/19</p> <p>Report by Director of Development</p> <p>The Director of Development submitted a Report detailing an application for annual revenue funding from Ceòlas Uibhist Ltd for 2018/19. The Report stated that in a development from their original core programme, Ceòlas organised an increasing number of additional cultural projects throughout the year. This had included instrument tuition and musical events both in Uist and at prestigious international festivals such as 'Celtic Connections' in Glasgow. Significant progress had been made in developing 'Cnoc Soilleir' - an ambitious plan to build a centre for the Gaelic arts in South Uist. The continued provision of Comhairle funding for Ceòlas was essential to enable the organisation to plan confidently for their 2018 programme and summer school and secure partnership funding from other sources</p> <p><b>It was agreed to recommend, insofar as the Committee's interests were concerned, that, subject to the satisfactory conclusion of a one year Funding Agreement for 2018/19, the Comhairle approve funding of £9,025 (£4,513 from Arts Revenue and £4,512 from Sgioba na Gàidhlig Revenue Budgets) to Ceòlas Uibhist Ltd.</b></p>   | <p>6 Aonta Maoineachaidh Ceòlas Uibhist 2018/19</p> <p>Aithisg le Stiùiriche Leasachaidh</p> <p>Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Leasachaidh a' sireadh aonta ri iarrtas airson maoin bhliadhna bho Ceòlas Uibhist 2018/19. Mhinich an Aithisg gu bheil Ceòlas a-nis a' libhrigeadh barrachd phròiseactan cultarail tron a' bhliadhna. Nam measg, bha tachartasan le ionnsramaidean is fèisean ciùil an Uibhist agus aig prìomh fèisean nàiseanta leithid 'Celtic Connections' an Glaschu. Chaidh adhartas mhòr a dhèanamh a thaobh leasachadh 'Cnoc Shoilleir' - plana adhartach gus Ionad Ealain a thogail an Uibhist a Deas. Bha taic leantainneach na Comhairle deatamach do Ceòlas, gus cothrom a thoirt don bhuidheann am prògram aca airson 2018 a chur air dòigh agus maoin a tharraing a-steach bho stòras eile.</p> <p><b>Chaidh aontachadh, far a robh ùidh aig a' Chomataidh agus an urra ri Aonta Ionmhais coileanta a ruighinn leis a' bhuidheann airson 2018/19, taic ionmhais de £9,025 a thoirt bhon Chomhairle, £4,513 bho Buidseat na h-Ealain agus £4,512 bho Buidseat Sgioba na Gàidhlig gu Ceòlas Uibhist Eàrr.</b></p>  |

7 Fèisean nan Gàidheal Revenue Funding 2018/19

Report by Director of Development

The Director of Development submitted a Report detailing an application for annual revenue funding from Fèisean nan Gàidheal for 2018/19. The Report stated that since 2009 the Comhairle had awarded funding to Fèisean nan Gàidheal on an annual basis which was devolved to seven island Fèisean and to support the post of Western Isles Fèis Development Officer. This enabled seven week long community-based Gaelic arts tuition festivals to take place between April and August in the Outer Hebrides, together with a varied programme of classes and additional projects during the year.

**It was agreed to recommend, insofar as the Committee's interests were concerned, that, subject to the satisfactory conclusion of a one year Funding Agreement for 2018/19, the Comhairle approve funding of £12,800 (£6,400 from Arts Revenue and £6,400 from Sgioba na Gàidhlig Revenue Budget) to Fèisean nan Gàidheal, to be devolved to seven Outer Hebrides Fèisean and to support the post of Western Isles Fèis Development Officer.**

8 Comunn Na Gàidhlig: Application for Financial Assistance: Cuach na Cloinne 2018

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report detailing an application for financial assistance from Comunn na Gàidhlig (CnaG). The Report stated that the application sought funding of £4,000 towards the costs of organising the "Cuach na Cloinne" annual national football competition for Gaelic speaking primary school children across Scotland, including teams from Western Isles schools.

**It was agreed to recommend that the Comhairle approve that the sum of £4,000 be awarded to Comunn na Gàidhlig towards the cost of the Cuach na Cloinne 2018 competition, on such terms and conditions as the Chief Executive should determine.**

7 Aonta Maoineachaidh Fèisean nan Gàidheal 2018/19

Aithisg le Stiùiriche Leasachaidh

Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Leasachaidh a' sireadh aonta ri iarrtas airson maoin bhliadhnail bho Fhèisean nan Gàidheal airson 2017/18. Chaidh ainmeachadh san Aithisg gu robh a' Chomhairle air maoinachadh a thoirt seachad dha Fèisean na Gàidheal bho 2009 airson a roinn eadar sia (seachd bho 2013) Fèisean agus airson taic a chumail ri Oifigear Leasachaidh Fèisean nan Eilean Siar. Chum seo taic ri seachd fèisean na h-Ealain Gàidhlig a' gabhail àite airson seachdain eadar a Ghiblean agus an Lùnastal sna h-Eileanan an Iar, an cois program chlasaichean agus pròiseactan eile tron a' bhliadhna.

**Chaidh aontachadh, an urra ri Aonta Ionmhais coileanta a ruighinn leis a' bhuidheann airson 2018/19, gun deidheadh taic ionmhais de £6400 bho Bhuidseat na h-Ealain agus £6400 bho Bhuidseat Sgioba na Gàidhlig gu Fèisean nan Gàidheal, a bhios air a roinn a-mach gu na seachd Fèisean anns Na h-Eileanan an Iar agus gus taic a chur ri dreuchd Oifigear Leasachaidh Fèisean nan Eilean Siar.**

8 Comunn Na Gàidhlig: Iarrtas airson Taic Ionmhais Cuach na Cloinne 2018:

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' sireadh aonta ri iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig airson taic airgid. Dh'ainmich an Aithisg gu robh an iarrtas a' sireadh £4,000 airson cosgais cur air dòigh co-fharpais ball-coise "Cuach na Cloinne" do sgoilearan ann am bun-sgoiltean Gàidhlig air feadh na h-Alba. `S ann tro mheadhan na Gàidhlig a bhithear a' ruith na farpais, agus gach gèam air a chluich tro mheadhan na Gàidhlig.

**Chaidh aontachadh gun deidheadh £4,000 a thoirt seachad do Chomunn na Gàidhlig a chum cosgais ruith farpais Cuach na Cloinne 2018, a rèir teirmean agus cùmhnantan air an dearbhadh leis an Àrd-oifigear.**